

*For Propaganda the Cope Britaner  
Cannot be beaten. What say you?*

# AN SOLUS IUIL

"Is ann ad sholus dealrach glan, chi sinne solus iuil."

Public Archives of Nova Scotia  
HALIFAX, N. S.

LEABH. I.

SIDNI, C. B., AM FAOILEACH, 1925

AIR. 1

Tha an Solus Iuil air a chur a mach air son math sluaigh nan coithionalan Gaidhealach. Cha'n ann air son impidh a chur orra, no air son consachadh a chumail suas, no air sgath buaidh a chosnadh do aon bhuidhinn thairis air buidhinn eile; ach a mhain ann an dochas gu'm bi na leughas iad ann a' toirt soluis agus iuil dhaibh, 'g an treorachadh air an t-slighe tha dìreach agus ceart.

Cha'n eil anns na trì eaglaisean a tha ag aonadh aig an am so ach toradh aonaidhean a rinneadh anns na bliadh-nachan a dh'fhalbh. Rainig an Eaglais Mhethodach am meudachd aig am bheil i an diugh le ochd aonaidhean; an Eaglais Choithionalach le trì aonaidhean; agus an Eaglais Chleireach againn fhein le naoth aonaidhean. An uair theid na trì cuideachd 'san Eaglais Aonaichte, bidh an sin aonadh air fhichead.

## LITIR FHOSGAILTE

**gu luchd na Gailig ann an Seanadh nam Mor-roinnean Iochdarach.**

A Chairdean:

Mar neach a tha labhairt agus a' searmonachadh Gailig, tha toil agam beagan a radh ribh mu aonadh nan Eaglaisean. The e 'cur duilichinn orm gu bheil aireamh sluaigh air feadh nan coithionalan a tha 'cur cul ri comhairle nam ministerean a chaidh arach nam measg fein, agus a' toirt cluais do rolasitean choigreach. Tha daoine ag-ainn anns na cubaidean a chaidh thar

cuain 's a chuir am beatha an cunnart a chum ar dìon o fhoirneart ar naimhean; ach thig an fheadhainn ud eile mu'n cuairt ag glaothaich gur iad fein ar luchd-saoraidh—feadhainn nach do chairich riamh o sheasgairachd na dachaidh.

Bha iad ag innse dhuibh gu'm bi an stipein is uile chosdas na h-eaglais air a leagail air an t-sluagh mar chis; agus gu'n tig an siorram a ghilacadh 's a reic ur codach mur teid a paidheadh. An uair a chaidh an aghaidh a thoirt orra air son sin, dh'fheuch fear dh'iuibh ri e-fein a chur ceart le leth dhol as aicheadh, agus chaidh fear eile as aicheadh gu buileach. Aig an am a bha cuis an aonaidh fa chomhair na Parlamaid, bha fear-lagha aig na h-eas-aontaich, 'n am barail-san, cho math 'sa bha ann an Canada, fear a chleachd gach argumaid, seol us car a b'aithne dha air son buaidh a chosnadh dhaibh, agus cha d'thug e iomradh riamh air cis no air siorram. Chaidh a' cheisd so a chur ri fir-lagha aig am bheil sar ainm mar luchd-comhairle, agus thuirt iad le aon ghuth nach gabhadh airgid sam bith cruinneachadh do'n Eaglais Aonaichte tre na cuirtean lagha. Na cuireadh am bocan sin eagal sam bith oirbh!

Bheireadh iad oirbh a chreidsinn nach eil sinne dileas do theagasgan na h-eaglais. Bidh ar teagasg anns an Eaglais Aonaichte mar tha ar teagasg anns an Eaglais Chleirich, an eaglais o'n d'fhuair sinn fein ar teagasg. Tha sinn ag gleidheadh firinnean mora

1015-300